

FOR OFFICIAL USE

--	--	--	--	--	--

Total Mark  
(Leughadh)

--

**X229/10/02**

TEISTEANAIS  
NÀISEANTA  
2013

DIMAIRT, 14 AN CÈITEAN  
2.50 PM – 4.10 PM

**GÀIDHLIG**  
**MEADHAN ÌRE 1**  
Roinn B(i): Leughadh  
Roinn B(ii): Sgrìobhadh

NATIONAL  
QUALIFICATIONS  
2013

TUESDAY, 14 MAY  
2.50 PM – 4.10 PM

**GÀIDHLIG**  
**INTERMEDIATE 1**  
Section B(i): Reading  
Section B(ii): Writing

**Na fosgail am pàipear seo gus an tèid iarraidh ort.**

**Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal.**

Làn ainm sgoile no colaiste

--

Baile

--

Ciad ainm(ean)

--

Sloinneadh

--

Latha breith

Là Mìos Bliadhna Àireamh an oileanaich

Àireamh an t-suidheachain

--	--	--	--	--	--

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

--

Tha 50 comharradh anns a' pàipear seo.

**Earrann B(i) Leughadh—Fiosrachadh**

Leugh an earrann Ghàidhlig gu faiceallach, agus an uair sin freagair na ceistean, a' tòiseachadh le Ceist 1.

Nuair a shaoileas tu gur aithne dhut freagairt ceiste, sgrìobh am freagairt **ann an Gàidhlig** anns a' bheàrn. (Chan eil e air a shùileachadh gun lìon thu na beàrnan uile.)

**Earrann B(ii) Sgrìobhadh**

Sgrìobh do fhreagairt anns an leabhran a thèid a thoirt dhut.

Fàg ùine gu leòr airson gach earrann a chrìochnachadh.



## EARRANN

## AM POCA

Bha dachaigh an teaghlaich MhicLeòid ann am Bail' an Ear, baile beag brèagha le tràigh mhòr àlainn. As t-samhradh, tha an t-àite a' dùsgadh. Tha na rathaidean cho trang le càraichean is busaichean, a' toirt luchd-turais chun nan taighean agus taighean-òsta anns am bi iad a' cur seachad seachdain phriseil de na làithean-saora aca. Tha bùthan a' bhaile, a bha nan cadal sa gheamhradh, a-nis le coltas cho dathach le dèideagan, peileachan agus spaidean a' crochadh mu thimcheall an dorsan.

Anns a' gheamhradh, 's e baile diofraichte a th' ann. Chan eil mòran a' tachairt agus tha e socair, sàmhach. Coltach ri bailtean eile air a' Ghàidhealtachd, 's ann fìor chorra uair a bhios rudan neo-àbhaisteach a' tachairt. Cha robh e doirbh a chreidsinn, ma-tà, gun do ghabh Cailean Moireach iongnadh nuair a chunnaic e poca mòr donn anns a' phàirc far am bitheadh e a' gabhail cuairt. Thachair seo aig seachd uairean sa mhadainn agus cha robh duine eile mun cuairt. Chaidh Cailean beagan na b' fhaisge gus am faiceadh e ceart dè a bh' ann. Bha am poca a' coimhead gu math làn agus trom, le coltas rudan stobach na bhroinn.

Nuair a dh'fhosgail Cailean am poca, chunnaic e fortan de dh'airgead-pàipear na bhroinn agus iomadh gunna còmhla ris. Theab Cailean tuiteam le uabhas.

Choimhead e mun cuairt ach cha robh fhathast sgeul air duine sam bith. Thug e a-mach am fòn-làimh aige ach bha e air dìochuimhneachadh nach biodh e uair sam bith ag obair anns a' phàirc - cus bheanntan mun cuairt, 's cinnteach.

Bha e a' dol a ghluasad a' phoca gu àiteigin sàbhailte mus deigheadh e a dh'iarraidh nam poileas ach chuir smuain stad air: dè nam biodh iad den bheachd gur e esan a chuir ann e sa chiad àite. Bha e air a' mhearachd sin fhaicinn tric air prògraman poilis Ameireaganach air an telebhisean. Mar sin, cha do bhean e dha agus thòisich e a' ruith sìos an rathad gus cuideachadh a lorg.

Nuair a ràinig Cailean stèisean a' phoilis, dhòirt na faclan à bheul, ag innse stòiridh iongantach mu phoca, is airgead, is gunnathan. Cha robh Dòmhnall, an seann phoileas, a' creidsinn facal an toiseach. Bha e den bheachd gur e dìreach stòiridh eile a bh' aig Cailean. An dèidh dha an stòiridh a chluinntinn airson a' cheathramh turas ge-tà, ghabh e cuairt còmhla ri Cailean airson faicinn cò air a bha e a-mach.

Theab Dòmhnall fhèin tuiteam nuair a thug e sùil am broinn a' phoca. Cha robh càil mar seo air tachairt dha riamh roimhe. Co-dhùin e gum b' fheàrr dha cuideachadh fhaighinn – b' e gnothach poilis a' bhaile-mhòir a bha seo!

**CEISTEAN**

1. Dè an seòrsa àite a th' ann am Bail' an Ear?

---



---

2

2. Ciamar a tha Bail' an Ear as t-samhradh?

Caran sàmhach	
Trang	
Falamh	

1

3. Carson a bhios daoine a' tighinn gu Bail' an Ear san t-samhradh?

---

1

4. Ciamar a tha Bail' an Ear coltach ri bailtean eile air Ghàidhealtachd?

---

1

5. Càite an do lorg Cailean poca?

---



---

1

6. Carson a chaidh Cailean na b' fhaisge air a' phoca?

---



---



---

1

**[Tionndaidh an duilleag**

7. Dè mhothaich Cailean mun phoca nuair a chaidh e suas thuige?

---



---



---

3

8. (a) Dè bha am broinn a' phoca?

---



---

2

(b) Ciamar a tha fios againn nach robh dùil aig Cailean ris na chunnaic e am broinn a' phoca?

---

1

9. Carson nach do chleachd Cailean am fòn-làimh aige?

---

1

10. (a) Carson nach do ghluais Cailean am poca?

---



---

2

(b) Dè thug air smaoinachadh mar seo?

---



---

2

11. Carson a ruith Cailean gu luath?

---

1

12. Ciamar a bha Cailean a' bruidhinn ma **dhòirt** na faclan à bheul?

Cabhgach	
Àrd	
Air a shocair	

1

13. (a) Carson nach do chreid am poileas Cailean an toiseach?

\_\_\_\_\_

2

(b) Cuin a chreid e Cailean?

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

1

14. Dè an co-dhùnadh chun an tàinig Dòmhnall nuair a chunnaic e fhèin na bha am broinn a' phoca?

\_\_\_\_\_

\_\_\_\_\_

2

(25)

[CRÌOCH ROINN B(i)-LEUGHADH]

[Tionndaidh an duilleag

**Roinn B(ii): Sgrìobhadh**

**Ùine: 40 mionaid(moladh)**

**Sgrìobh air AON de na cuspairean a leanas.**

- |  |      |
|--|------|
| 1. Am Pàrtaidh.                            | (25) |
| 2. Am Preusant.                            | (25) |
| 3. Cogadh.                                 | (25) |
| 4. Duine inntinneach anns a' bhaile agam.  | (25) |
| 5. Fasan. Glic no gòrach?                  | (25) |
| 6. An teaghlach.                           | (25) |
| 7. Aisling nach dìochuimhnich mi gu bràth. | (25) |
| 8. Saor-làithean an t-samhraidh.           | (25) |

[CRÌOCH ROINN B(ii)—SGRÌOBHADH]

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

**[DUILLEAG FHALAMH]**

**[DUILLEAG FHALAMH]**



FOR OFFICIAL USE

--	--	--	--	--	--

Total Mark  
(Èisteachd)


Grand Total

**X229/10/01**

TEISTEANAIS  
NÀISEANTA  
2013

DIMAIRT, 14 AN CÈITEAN  
2.00 PM – 2.30 PM

GÀIDHLIG  
MEADHAN ÌRE 1  
Roinn A: Èisteachd  
(Ceistean)

NATIONAL  
QUALIFICATIONS  
2013

TUESDAY, 14 MAY  
2.00 PM – 2.30 PM

GÀIDHLIG  
INTERMEDIATE 1  
Section A: Listening

**Na fosgail am pàipear seo gus an tèid iarraidh ort.**

**Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal.**

Làn ainm sgoile no colaiste

Baile

Ciad ainm(ean)

Sloinneadh

Latha breith

Là Mios Bliadhna Àireamh an oileanaich

Àireamh an t-suidheachain

--	--	--	--	--	--	--	--

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

Tha 25 comharraidhean anns a' phàipear seo.

Tha mionaid agad aig an toiseach airson na ceistean gu lèir a leughadh.

Tha mionaid agad aig toiseach gach pàirt den earrainn airson na ceistean a leughadh.

Èist gu cùramach ri earrann a chluinneas tu air CD no a thèid a leughadh dhut. Tha an earrann na dà phàirt.

Faodaidh tu notaichean a dhèanamh aig àm sam bith.

Leugh na ceistean airson Pàirt 1.

Cluinnidh tu Pàirt 1 dà thuras le dà mhionaid eadar gach turas.

Freagair na ceistean a chluinneas tu: sgrìobh do fhreagairt anns a' bheàrn.

Leugh na ceistean airson Pàirt 2.

Cluinnidh tu Pàirt 2 dà thuras, le dà mhionaid eadar gach turas.

Freagair na ceistean a chluinneas tu: sgrìobh do fhreagairt anns a' bheàrn.

Mus fhàg thu seòmar na deuchainne feumaidh tu an leabhar seo a thoirt don fhreiceadan.

Mur dèan thu seo tha thu ann an cunnart do chomharraidhean air fad a chall.



Roinn A: Èisteachd

Ùine: 30 mionaidean

CEISTEAN

Pàirt 1

1. Dè nach eil a' còrdadh ris an ùghdar mu bhith a' dol a-null thairis?

\_\_\_\_\_

1

2. Dè an rud as fheàrr mu phlèanaichean, ann am beachd an ùghdair?

Cho saor 's a tha iad	
Cho luath 's a tha iad	
Cho cofhurtail 's a tha iad	

1

3. Cuin a tha e ceart gu leòr a bhith a' feitheamh ùine sa phort-adhair?

\_\_\_\_\_  
\_\_\_\_\_

1

4. (a) Dè na h-àiteachan anns an urrainn dhut d' airgead a chosg ann am port-adhair?

\_\_\_\_\_

2

- (b) Ainmich dà rud a ghabhas ceannach.

\_\_\_\_\_

2

- (c) Carson a dh'fheumas neach a bhith faiceallach ann am port-adhair?

\_\_\_\_\_

1

5. Dè an **dà** rud nach toil leis an ùghdar mu phlèanaichean?

\_\_\_\_\_  
\_\_\_\_\_

2

6. (a) Dè air a bheil plèanaichean a' dèanamh cron?

---

(b) Ciamar a tha iad a' dèanamh sin?

---

---

1

2

(13)

**[Tionndaidh an duilleag**

**CEISTEAN**

**Pàirt 2**

1. Cuin a chaidh an t-ùghdar air turas a dh'Ameireaga?

Am bliadhna	
Bliadhna air ais	
Iomadh bliadhna air ais	

1

2. Dè ris an robh an t-ùghdar a' coimhead air adhart?

---



---

2

3. Dè dh'fheumadh an t-ùghdar a chur air dòigh ro làimh? Ainmich **dà** rud.

---



---

2

4. Dè an uair a ràinig an t-ùghdar New York?

---

1

5. Càit an robh бага an ùghdair air a dhol?

---

1

6. Dè tha an t-ùghdar a' dol a dhèanamh air turas sam bith eile air an tèid e?

---



---

2

7. (a) Càit a bheil an t-ùghdar airson a dhol an ath thuras a thèid e air falbh?

---

(b) Carson a tha e airson a dhol an sin?

---

---

1

2

(12)

[25]

[CRÌOCH ROINN A-ÉISTEACHD]

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

**[DUILLEAG FHALAMH]**

**[DUILLEAG FHALAMH]**

### MARKER'S GRID

Candidate Name	
Candidate Number	
Section A	Éisteachd / 25
Section B(i)	Leughadh / 25
Section B(ii)	Sgrìobhadh / 25
<b>Grand Total</b>	<b>75</b>



# X229/10/11

---

TEISTEANAIS DIMAIRT, 14 AN CÈITEAN  
NÀISEANTA 2.00 PM – 2.30 PM  
2013

GÀIDHLIG  
MEADHAN ÌRE 1  
Roinn A: Èisteachd  
(Earrann)

NATIONAL TUESDAY, 14 MAY  
QUALIFICATIONS 2.00 PM – 2.30 PM  
2013

GÀIDHLIG  
INTERMEDIATE 1  
Section A: Listening Transcript

**This paper must not be seen by any candidate.**

The material overleaf is provided for use in an emergency only (eg the recording or equipment proving faulty) or where permission has been given in advance by SQA for the material to be read to candidates with additional support needs. The material must be read exactly as printed.



**(The passage below should be read in approximately 2 minutes)**

## **EARRANN**

**Tha Calum MacDhòmhnaill ag innse mu thuras air an deach e.**

### **Pàirt 1**

Ged a tha e a' còrdadh rium a bhith a' falbh gu diofar àiteachan air saor-làithean, chan eil an siubhal fhèin idir a' còrdadh rium. Tha seo buileach fìor ma dh'fheumas mi siubhal air plèana.

Tha mi a' tuigsinn gu bheil sinn mòran nas luaithe a' siubhal air plèana ach smaoinich air an ùine a dh'fheumas tu a chosg anns a' phort-adhair mus fhàg do phlèana, uaireannan dhà no trì uairean a thìde. Tha sin ceart gu leòr ma tha thu a' siubhal gu àite fad air falbh mar Astràilia no Afraga, ach ma tha thu dìreach a' dol gu baile eile anns an dùthaich seo, cha mhòr nach biodh tu na b' fheàrr coiseachd ann.

Ma bhios tu ann am port-adhair airson dà uair a thìde, dè nì thu ach d' airgead a chosg ann an iomadh taigh-bìdh no bùth. Gabhaidh rud sam bith ceannach ann am port-adhair na làithean-sa, eadar suiteas agus leabhraichean gu rudan nas daoire mar aodach no coimpiutair. Dh'fheumadh daoine a bhith gu math faiceallach ann am port-adhair no chosgadh iad a h-uile sgillinn mus biodh iad fiù 's air an dùthaich fhàgail.

'S e an fhìrinn ghlan a th' ann gu bheil mise coma de phlèanaichean. Tha iad a' cosg fortan dhut agus tha iad gu tric a' fàgail agus a' ruighinn aig uairean mi-nàdarrach den oidhche, rud a tha gad fhàgail cho sgìth 's a ghabhas.

Smaoinich cuideachd air a' chron a bhios na plèanaichean a' dèanamh air an àrainneachd leis na tha iad a' cur a-mach de ghasaichean. Gu deimhinne, tha barrachd cron annta na tha de dh'fheum!

\* \* \*

**(After a gap of 2 minutes, read Pàirt 1 again and the associated questions, allowing time gaps as indicated in italics.)**

## Pàirt 1

Ged a tha e a' còrdadh rium a bhith a' falbh gu diofar àiteachan air saor-làithean, chan eil an siubhal fhèin idir a' còrdadh rium. Tha seo buileach fìor ma dh'fheumas mi siubhal air plèana.

Tha mi a' tuigsinn gu bheil sinn mòran nas luaithe a' siubhal air plèana ach smaoinich air an ùine a dh'fheumas tu a chosg anns a' phort-adhair mus fhàg do phlèana, uaireannan dhà no trì uairean a thìde. Tha sin ceart gu leòr ma tha thu a' siubhal gu àite fad air falbh mar Astràilia no Afraga, ach ma tha thu dìreach a' dol gu baile eile anns an dùthaich seo, cha mhòr nach biodh tu na b' fheàrr coiseachd ann.

Ma bhios tu ann am port-adhair airson dà uair a thìde, dè nì thu ach d' airgead a chosg ann an iomadh taigh-bìdh no bùth. Gabhaidh rud sam bith ceannach ann am port-adhair na làithean-sa, eadar suiteas agus leabhraichean gu rudan nas daoire mar aodach no coimpiutair. Dh'fheumadh daoine a bhith gu math faiceallach ann am port-adhair no chosgadh iad a h-uile sgillinn mus biodh iad fiù 's air an dùthaich fhàgail.

'S e an fhìrinn ghlan a th' ann gu bheil mise coma de phlèanaichean. Tha iad a' cosg fortan dhut agus tha iad gu tric a' fàgail agus a' ruighinn aig uairean mi-nàdarrach den oidhche rud a tha gad fhàgail cho sgìth 's a ghabhas.

Smaoinich cuideachd air a' chron a bhios na plèanaichean a' dèanamh air an àrainneachd leis na tha iad a' cur a-mach de ghasaichean. Gu deimhinne, tha barrachd cron annta na tha de dh'fheum!

### CEISTEAN

1. Dè nach eil a' còrdadh ris an ùghdar mu bhith a' dol a-null thairis?

*(30 seconds)*

2. Dè an rud as fheàrr mu phlèanaichean, ann am beachd an ùghdair?

Cho saor 's a tha iad, no

Cho luath 's a tha iad, no

Cho cofhurtail 's a tha iad.

*(30 seconds)*

3. Cuin a tha e ceart gu leòr a bhith a' feitheamh ùine sa phort-adhair?

*(30 seconds)*

4. (a) Dè na h-àiteachan anns an urrainn dhut d' airgead a chosg ann am port-adhair?

*(30 seconds)*

(b) Ainmich dà rud a ghabhas ceannach.

*(30 seconds)*

(c) Carson a dh'fheumas neach a bhith faiceallach ann am port-adhair?

*(30 seconds)*

5. Dè an **dà** rud nach toil leis an ùghdar mu phlèanaichean?

*(30 seconds)*

6. (a) Dè air a bheil plèanaichean a' dèanamh cron?

*(30 seconds)*

(b) Ciamar a tha iad a' dèanamh sin?

*(30 seconds)*

**Candidates have one minute at this point to read the questions for Pàirt 2.**

**(The passage below should be read in approximately 2 minutes)**

**Pàirt 2**

Chaidh mi air turas a dh'Àmeireaga an-uiridh air a' phlèana agus cha tèid sin às mo chuimhne a-chaidh. Bha mi dol a dh'fhuireach ann an teis meadhan baile mòr New York. Bha mi a' coimhead air adhart ris gu mòr gus am faicinn na sràidean trang agus na togalaichean àrda.

Chuir mi seachad beagan ùine a' cur a h-uile rud air dòigh – mo chead-siubhail, taigh-òsta, aodach freagarrach agus an t-airgead a bheirinn leam. Mu dheireadh, bha gach rud agam deiseil.

Smaoinich mar a bha mi a' faireachdainn, ma-tà, nuair a ràinig mi New York mu cheithir uairean sa mhadainn agus an dèidh dhomh feitheamh barrachd air leth-uair a thìde airson mo bhaga, thuig mi nach robh e idir ann!

Chaidh innse dhomh an dèidh greis mhòr gu robh iad air mo bhaga a lorg . . . ach anns an Fhraing! Cha robh agam air ach aodach is stuth ùr a cheannach dhomh fhèin gus an nochdadh mo bhaga an ceann dà latha.

An dèidh seo tha mi den bheachd barrachd a thoirt leam nam bhaga-làimh ma bhios mi a' siubhal, air eagal 's gun tachair an aon rud a-rithist. Ach leis an fhìrinn innse, 's e a b' fheàrr leam buileach a bhith a' siubhal air tràan, càr no bàta anns an dùthaich agam fhèin. Tha seallaidhean brèagha ri fhaicinn ann an Alba . . . agus chan fheum mi idir a bhith a' siubhal air plèana!

\* \* \*

**(After a gap of 2 minutes, read Pàirt 2 again and the associated questions, allowing time gaps as indicated in italics.)**

## Pàirt 2

Chaidh mi air turas a dh'Àmeireaga an-uiridh air a' phlèana agus cha tèid sin às mo chuimhne a-chaidh. Bha mi dol a dh'fhuireach ann an teis meadhan baile mòr New York. Bha mi a' coimhead air adhart ris gu mòr gus am faicinn na sràidean trang agus na togalaichean àrda.

Chuir mi seachad beagan ùine a' cur a h-uile rud air dòigh – mo chead-siubhail, taigh-òsta, aodach freagarrach agus an t-airgead a bheirinn leam. Mu dheireadh, bha gach rud agam deiseil.

Smaoinich mar a bha mi a' faireachdainn, ma-tà, nuair a ràinig mi New York mu cheithir uairean sa mhadainn agus an dèidh dhomh feitheamh barrachd air leth-uair a thìde airson mo bhaga, thuig mi nach robh e idir ann!

Chaidh innse dhomh an dèidh greis mhòr, gu robh iad air mo bhaga a lorg . . . ach anns an Fhraing! Cha robh agam air, ach aodach is stuth ùr a cheannach dhomh fhèin gus an nochdadh mo bhaga an ceann dà latha.

An dèidh seo tha mi den bheachd barrachd a thoirt leam nam bhaga-làimh ma bhios mi a' siubhal, air egal 's gun tachair an aon rud a-rithist. Ach leis an fhìrinn innse, 's e a b' fheàrr leam buileach a bhith a' siubhal air trèan, càr no bàta anns an dùthaich agam fhèin. Tha seallaidhean brèagha ri fhaicinn ann an Alba . . . agus chan fheum mi idir a bhith a' siubhal air plèana!

## CEISTEAN

1. Cuin a chaidh an t-ùghdar air turas a dh'Àmeireaga?

Am bliadhna, no

Bliadhna air ais, no

Iomadh bliadhna air ais.

*(30 seconds)*

2. Dè ris an robh an t-ùghdar a' coimhead air adhart?

*(30 seconds)*

3. Dè dh'fheumadh an t-ùghdar a chur air dòigh ro làimh? Ainmich **dà** rud.

*(30 seconds)*

4. Dè an uair a ràinig an t-ùghdar New York?

*(30 seconds)*

5. Càit an robh baga an ùghdair air a dhol?

*(30 seconds)*

6. Dè tha an t-ùghdar a' dol a dhèanamh air turas sam bith eile air an tèid e?

*(30 seconds)*

7. (a) Càit a bheil an t-ùghdar airson a dhol an ath thuras a thèid e air falbh?

*(30 seconds)*

(b) Carson a tha e airson a dhol an sin?

*(30 seconds)*

[CRÌOCH NAN EARRANN]

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

**[DUILLEAG FHALAMH]**

**[DUILLEAG FHALAMH]**

**[DUILLEAG FHALAMH]**